



## Ceistean

**Coimhead air duilleag 85.**

- 1. Carson nach robh Iseabail agus Murchadh air a bhith air cùrsa-mara roimhe seo?**
- 2. Mìnich an dà abairt seo:**
  - (a) Gu tur seach an rathad.**
  - (b) Bha iad an ceann an cosnaidh.**

**Coimhead air duilleag 86.**

- 3. Inns ciall an fhacail *cùbhraidh*, nad fhacail fhèin.**

**Coimhead air duilleag 87.**

- 4. “Bha iad a’ faireachdainn gun robh thìde aca an casan a gharadh ris an teine.”  
Dè tha thu a’ smaoinichadh a tha an t-ùghdar a’ ciallachadh leis an abairt seo?**

**Coimhead air duilleagan 86 gu 88.**

- 5. Cleachd fianais bhon teacsa airson sealltainn gun robh an deichnear a bha aig bòrd còmhla a’ faighinn air adhart gu math.**

**Coimhead air duilleag 89.**

**6. Carson a tha an sgrìobhadair den bheachd gur e duine crosta a bh' anns a' phost?**

**Coimhead air duilleag 90.**

***“Bha Bart ag iarraidh gum biodh luchd a' bhùird ga mheas cudromach.”***

**7. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn gur e seo am beachd a bha aig Bart air fhèin?**

**Coimhead air duilleag 92**

**8. Dè a' cho-fhaireachdainn a sheall Mairead agus Peregrine do Elizabeth?**

**9. Dè an rud neònach a thachair nuair a chaidh iad air tìr air Eilean Chòcaigh?**

**10. Smaoinich air an sgeulachd air fad. Le fianais bhon teacsa, mìnich carson a tha an sgeulachd soirbheachail.**